

Many phrases are used as Interjections ; thus, mo naire 's mo leaghadh ! *O fy !* éudail a dh-fhearaibh an t-saoghal ! *O dear !*

EXERCISE XXIV.

Nochd rìgh àraidh do dhuine glic mòrachd a rìoghachd, agus meud a chumbachd agus a bheartais : Ach an àite amharc air féin agus air a shonas talmhaidh le h-ìoghnadh, thubhairt an duine glic ris, “ Is iad na nithe sin a ta 'g ar deanamh neo-thoileach air an t-saoghal so fhàgail, agus 'g ar dalladh a thaobh ar dleasdanas do ar Dia agus ar Slànuighear. Ma's duine glic thu air do shon féin, tarruing do chridhe uapa gu grad, agus guidh air Dia gu'n stiùradh e thu gu ionmhas a thasgadh suas 'san ionad sin far nach cladhaich am meirleach, agus nach truail an reudan a chaoidh.

'Nuair a bha òganach àraidh a' gul agus ri bròn air son a mhàthar, a fhuair bàs beagan roimh sin thubhairt companach a bha aige ris gu'm bu chòir dha misneachd a ghlacadh, do bhrìgh gu'n robh mòr-ghradh aig d'a mhàthair, agus gu'n robh e ùmhal di anns gach ni a chuir i fa a chomhair. “ Sinuainich mi féin sin,” orsa an t-òganach, “ fhada's bu bheò i ; ach a nis, 'nuair tha i marbh tha iomadh ni a' teachd 'nam chuimbhne anns an do ghiùlain mi mi féin gu mi-chiatach d'a taobh ; agus tha so ga m' fhàgail brònach air an uair, do bhrìgh nach urrainn domh nis a leasachadh.

*Impersonal Use of the Passive Voice.* — 'Nuair chunnacas a' tighinn iad. Chualas é 'g radh. Dh' aithnich i aogas a leannain, 'us ehlisg a-eridhe 'na còm. Gun mhoille, gun tàmh buailear a dh' fhios na tràighe, agus faighear an laoch 's a dhaoine m' a thimechioll.